


## Ceistean



Thoir sùil air paragraf 1.

1. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' cruthachadh faireachadh bagarrach tro ìomhaigheachd agus taghadh fhaclan?

Thoir sùil air paragraf 3.

2. Ainmich dà abairt a tha a' toirt fa-near dhan leughadair gu bheil Màiri air a bhith san t-suidheachadh seo roimhe?

Thoir sùil air paragraf 4.

3. (a) Dè am meatafor a tha a' nochdadh sa pharagraf seo?  
(b) Ciamar a tha an samhla seo èifeachdach?
4. Dè tha sònraichte mu fhaid a' paragraf mu dheireadh agus carson a tha seo èifeachdach?

Coimhead air duilleag 138.

*“Chuir e an sgian gu luath agus gu domhainn na stamaig...”*

5. Inns, nad fhaclan fhèin, carson nach eil dùil aig an leughadair ris an tachartas seo san sgeulachd.

6. (a) Dè an samhla a tha a' nochdadh sa pharagraf mu dheireadh?  
(b) Mìnich carson a tha an samhla seo èifeachdach.

**Coimhead air duilleag 139.**

7. (a) Dè tha sònraichte mu na seantansan san dàrna paragraf ?  
(b) Carson, nad bheachd-sa, a tha seo èifeachdach?
8. (a) Dè an samhla a tha a' nochdadh san dàrna paragraf air an duilleig seo?  
(b) Mìnich carson a tha an samhla seo èifeachdach.
9. Tagh abairt bhon dhuilleig 139 a tha a' sealltainn nach robh càirdeas dlùth eadar i fhèin agus a màthair.
10. Nad bheachd-sa, dè thug air Màiri tighinn chun a' cho-dhùnaidh gum bu chòir dhi feuchainn ris an càirdeas eadar i fhèin 's a màthair a chàradh?

**Coimhead air duilleag 140.**

*“ ...mapa de gach àite san robh i a' stobadh snàthad.”*

11. Dè cho èifeachdach 's a tha an samhla seo?

**Coimhead air a'pharagraf mu dheireadh den sgeulachd.**

12. Dè an samhla a tha a' nochdadh? Inns nad fhaclan fhèin dè cho èifeachdach 's a tha seo.

**Beachdaich air an sgeulachd air fad.**

**13. A bheil thu a' meas tiotal na sgeulachd freagarrach agus èifeachdach?**

